

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## BÒRD NA GÀIDHLIG AG AMAS AIR TACHARTASAN CÒMHNAIDH ÙRA A STÈIDHEACHADH

### 4 Gearran 2011

Chaidh plana gnìomh Bhòrd na Gàidhlig, ‘Ginealach Ùr na Gàidhlig’ fhoillseachadh an-uiridh, agus tha am plana seo ag amas gu sònraichte air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh.

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a’ moladh gun tèid prògram de thachartasan Gàidhlig a stèidheachadh, le fòcas air prògraman a tha freagarrach do dheugairean. Tha seo gu sònraichte ag amas air cothroman a bharrachd a thoirt do dhaoine òga ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gus an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachadh sòisealta, taobh a-muigh na sgoile.

Tha am Bòrd a-nis a’ sireadh thagraidhean bho bhuidhnean gus Tachartasan Còmhnaidh ùra a stèidheachadh, a bhios a’ ruith eadar toiseach saor-laithean samhraidh nan sgoiltean 2011 agus deireadh saor-laithean samhraidh nan sgoiltean 2012.

Thuir Daibhidh Boag, Leasaiche Cànan Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig: “Chan eil teagamh sam bith ann nach eil siostam foghlam Gàidhlig ann an Alba deatamach gus àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh, agus tha tòrr gnìomhan ann an Ginealach Ùr na Gàidhlig a tha ag amas air an t-siostam seo a neartachadh agus a leudachadh. Aig a’ cheart àm ge-ta, tha e deatamach gum faigh sgoilearan barrachd chothroman taobh a-muigh na sgoile gus na sgilean Gàidhlig aca a neartachadh tro chothroman cleachdaidh neo-fhoirmeil.”

“Tha sinn an dòchas gum bi ùidh aig buidhnean air feadh na dùthcha tachartasan mar seo a ruith, gus am faigh Gàidheil òga na cothroman as fheàrr gus na sgilean cànan aca a neartachadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoiltean.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Tha tuilleadh fiosrachaidh bho làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aig:-

[www.gaidhlig.org.uk/ga/maoineachadh/maoineachadh/tachartasan-comhnaidh.html](http://www.gaidhlig.org.uk/ga/maoineachadh/maoineachadh/tachartasan-comhnaidh.html)

neo cuir fòn gu Daibhidh Boag Leasaiche Canain Gàidhlig aig 01463 225454.

Bidh an cothrom seo airson iarrtasan a chur a-steach a' dùnadh air **Dihaoine 11 Màrt, 2011**.

## **Notaichean**

### Ginealach Ùr na Gàidhlig

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riathanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phrìomhachadh ghoireasan agus ghnìomhan gus meudachadh air togail cànan a thoirt gu buil mean air mhean. Airson tuilleadh fiosrachadh faic [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## BÒRD NA GÀIDHLIG SEEKS TO ESTABLISH NEW GAELIC RESIDENTIAL EVENTS

**4 February 2011**

Bòrd na Gàidhlig published their action plan 'Ginealach Ùr na Gàidhlig' last year, with the primary aim of growing the number of Gaelic speakers.

Ginealach Ùr na Gàidhlig proposes that a programme of Gaelic-medium Residential Events be established, primarily aimed at teenagers. This will offer young people undertaking their education through the medium of Gaelic an opportunity to use their language skills in a social setting, outwith the formal school environment.

Bòrd na Gàidhlig are now seeking applications from organisations who would be willing to establish and run such events in the period from the beginning of the school summer holidays 2011 to the end of the 2012 summer holidays.

David Boag, Leasaiche Cànanain Gàidhlig (Head of Gaelic Usage) at Bòrd na Gàidhlig said: "There is no doubt that the Gaelic-medium education system in Scotland is vital to ensure an increase in numbers of Gaelic speakers, and many of the proposed actions within Ginealach Ùr na Gàidhlig aim to strengthen and expand this system. There is also no doubt that there is a need for more opportunities outwith school for young people to strengthen their language skills, through usage in informal settings."

"We are hopeful that organisations from across Scotland will consider coming forward, to give young Gaelic speakers the best possible opportunity to strengthen their language skills within and outside of the classroom."

More information can be accessed via the Bòrd na Gàidhlig website:  
[www.gaidhlig.org.uk/en/support-schemes/residential-events.html](http://www.gaidhlig.org.uk/en/support-schemes/residential-events.html)  
or by calling Daibhidh Boag, Head of Gaelic Usage on 01463 225454.

The closing date for applications is **Friday 11 March 2011**.

**Notes to Editors**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## Ginealach Ùr na Gàidhlig

Ginealach Ùr na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to produce an incremental increase in language acquisition. For more information, see [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)